

IAIN AGUS NA DROGAICHEAN



FILEANTA

 **Stòrlann**
Nàiseanta na Gàidhlig

Tha Stòrlann air leth toilichte iain agus na Drogaichean, le Maoilios Caimbeul, ath-fhoillseachadh*. Tha sinn air ath-fhoillseachadh airson diofar adhbharan:

- Bha am foillseachadh a bh' ann a-mach à clò agus cha robh e a' tighinn ri litreachadh an latha an-diugh.
- Tha plota math an cois na nobhail a bhiodh freagarrach aig toiseach BGE san àrd-sgoil.
- Bha cuid de na caibideilean anns a' chiad fhoillseachadh gu math fada. Anns an fhoillseachadh ùr, tha an sgeulachd air a briseadh ann am pìosan nas lugha agus tha seo nas freagarraiche do sgoilearan ann am BGE.
- Bidh an clàradh (MP3) den fhoillseachadh ùr gu math feumail do sgoilearan aig a bheil duilgheadasan leughaidh agus cuideachd mar ghoireas a chleachdar gus na pìosan-obrach air èisteachd a dhèanamh.

Dè an ìre comais air a bheil an t-aonad ag amas?

Tha an t-aonad seo freagarrach taobh a-staigh BGE, ach gu sònraichte dhan chiad bhliadhna. Ma bhios tidsearan an dùil aonadan nobhail eile bho Stòrlann a chleachdadh, mholamaid an t-òrdugh seo: *Iain agus na Drogaichean, A' Bheinn Òir, Fo Bhruid, An Creanaiche, Rionnag Chaillte*. Le bhith a' leantainn an òrduigh seo, thig barrachd dùbhlain anns gach leabhar agus aonad-obrach.

Ciamar a bu chòir an t-aonad a chleachdadh?

Tha e an urra ris an tidsear dè na pìosan-obrach a nithear. Chan eil dùil gun dèanar gach pìos, ach tha sinn air farsaingeachd ghnìomhan a chur ann gus am bi taghadh aig an tidsear a rèir comasan agus feumalachdan nan sgoilearan. Tha eisimpleirean de fhreagairtean anns a' phasgan seo a bheir taic dhan tidsear.

Chithear gu bheil na gnìomhan-obrach (anns a' chumantas) a' fàs nas dùbhlanaiche mar a thèid an t-aonad air adhart – thathas an dòchas gum fàs na sgoilearan ann am misneachd agus ann an comas mar thoradh air a seo.

Prìomh amasan an aonaid agus mar a thèid an coileanadh

- 'S e prìomh amas an aonaid gum bi deagh thuigse aig na sgoilearan air plota na nobhail. Mar ullachadh airson leasan sa chlas, tha sinn a' moladh gun leugh iad (no gun èist iad ri) gach caibideil agus gum freagair iad ceistean **Obair-tòiseachaidh** a tha aig toiseach gach caibideil. Dh'fhaodadh gum biodh e buannachdail seo a dhèanamh mar obair-dachaigh, ach bheir an obair seo air sgoilearan fàs nas neo-eisimeiliche a thaobh leughadh – co-dhiù thèid a

dhèanamh aig an dachaigh no anns a' chlas. Mholadh sinn ge-tà gun deigheadh gach caibideil a leughadh cuideachd sa chlas (còmh' ris an tidsear) gus cothrom a thoirt do sgoilearan ceistean fhaighneachd agus gus an ullachadh airson an dàrna (is uaireannan an treas) gnìomh.

- Tha an t-aonad a' toirt air sgoilearan an comas air **geàrr-chunntas** a thoirt air adhart – sgil a tha gu math cudromach aig Ìre Nàiseanta 5 agus Àrd Ìre.
- Tha **sgrùdadh** aig cridhe an aonaid (gu h-àraid a thaobh characteran is plota).
- Tha an t-aonad a' bualadh air cuid de **sgilean teicnigeach an ùghdair** (leithid suidheachadh, caractar, sealladh, structar) ach ann an dòigh car neo-fhoirmeil.
- Tha an t-aonad ag amas air **sgilean èisteachd nan sgoilearan a leasachadh** tro cheithir eacarsaichean foirmeil. Bidh na h-eacarsaichean seo ag iarraidh orra fiosrachadh a thuigsinn agus notaichean a dhèanamh – sgilean a tha gu math cudromach cuideachd aig Ìre Nàiseanta 5 agus Àrd Ìre.
- Tha an t-aonad a' toirt cothrom do sgoilearan **gnè-litreachais eadar-dhealaichte a chur air pìosan den nobhail** (leithid ealain, aithisg pàipear-naidheachd, dràma)
- Tha gnìomh-obrach Caibideil 9 ag amas air taic a thoirt do sgoilearan a thaobh **mar a thuigeas iad faclan le bhith a' cleachdadh co-theacsa.**
- Tha obair nas aotruime anns an aonad (leithid tòimhseachain) agus, glè thrìc, tha iad seo ag amas air **sgilean bunaiteach gràmair a leasachadh.**

* **San dol seachad. . .**

Ri linn teicneòlas, tha an saoghal air atharrachadh gu tur anns na beagan bhliadhnachan a dh'fhalbh. Chithear aig toiseach na nobhail gu bheil an sgeulachd suidhichte san Eilean Sgitheanach ann an 2001. A thaobh a' phlota, tha e cudromach gun tuig na sgoilearan nach robh fònaichean-làimhe pailt aig an àm sin.

Ro-ràdh

WWW

**Gheibhear freagairtean
nan ceistean seo tro bhith
a' rannsachadh air-loidhne.**

**AN T-EILEAN
SGITHEANACH**



1

- i. Càit a bheil lain a' fuireach?
Ostail Àrd-sgoil Phort-Rìgh.
- ii. Cò th' ann am Muff?
An luch aige.
- iii. Dè an clas anns an d' fhuair Muff air falbh bho lain?
Matamataig.
- iv. Cò ris a tha Mgr Òg coltach?
Bha e na dhuine àrd, 's e duine socair is foighidneach a bh' ann, bha nàdar spòrs ann.
- v. Fhad 's a bha lain a-staigh, dè bha na gillean eile a' dèanamh?
A' cluich ball-coise.
- vi. Dè an aois a tha lain?
Trì-deug.
- vii. Carson nach robh lain toilichte anns an ostail?
Bhiodh feadhainn de na gillean eile a' tarraing às, ag ràdh gur e buigneag a bh' ann.
- viii. Dè thachair aig deireadh a' chaibideil?
Dh'fheuch Punto ri grèim fhaighinn air Muff, leum i bhon leabaidh agus ghabh i a-mach an doras.

2

i.

Le bhith a' togail air trì no ceithir eisimpleirean às a' chaibideil air fad, seall gur e caractar aonaranach a th' ann an lain.

'Bha lain leis fhèin ann an ostail Àrd-sgoil Phort-Rìgh.' Tha na faclan 'leis fhèin' a' cur cuideam air an t-suidheachadh aonaranach aig lain.

'Bha gaol mòr aige air Muff.' Tha lain ann an suidheachadh aonaranach – 's e beathach an caraaid as fheàrr a th' aige.

'Chluinneadh e na gillean eile is iad a' cluich ball-coise a-muigh air an raon-chluich.' Tha càch còmhla fhad 's a tha lain a-staigh.

'Cha leigeadh iad (an Sgioba) dhàsan a bhith anns an Sgioba idir.' Tha a h-uile duine eile san dorm aige mar phàirt de bhuidheann ach chan eil iad deònach leigeil le lain a bhith ann.

'Bhiodh feadhainn de na gillean eile a' tarraing às.' Chan e a-mhàin nach eil caraidean aig lain ach tha cuid de na gillean ri burraidheachd.

ii.

Nad fhaclan fhèin, dèan geàrr-chunntas air carson nach biodh lain a' toirt Muff leis gu clasaichean tuilleadh.

Ged a bha a an aghaidh nan riaghailtean, bha Muff ann am pòcaid a sheacaid ann an clas Matamataig.

Leum Muff a-mach air an làr. Chunnaic na sgoilearan seo, ach chan fhaca an tidsear. Bha fìor eagal air lain gum faigheadh an tidsear a-mach.

Bha lain toilichte nach deach breith air, ach cha robh e ag iarraidh gun èireadh an aon suidheachadh a-rithist.

iii.

Thoir fiosrachadh mun Sgioba (ainmean, aois, agus dad sam bith eile a tha sinn a' faighinn a-mach mun deidhinn).

Bha ceathrar anns an Sgioba - MacDhòmhnail, Domitan, Casper agus Punto. 'S e an Sgioba a bh' orra leis gum biodh iad an-còmhnaidh còmhla. Bha iad uile ceithir-deug.

Bha lain den bheachd gun robh an Sgioba còir gu leòr, ged a bha MacDhòmhnail fad às agus cruaidh. Bha Domitan an-còmhnaidh còir. Bha nàdar spòrsail aig Punto.

1

- i. Tagh abairt a sheallas dhuinn nach robh lain idir dèidheil air Easgann. 'S e Easgann an gille a bu lugha air anns an ostail.
- ii. Dè mhothaich lain mu Easgann nuair a thàinig e a-steach dhan taigh-bheag? Gun robh poca beag aige na làimh a dh'fheuch e ri shàthadh na phòcaid.
- iii. Dè an rud a bha Easgann ag iarraidh mus faigheadh lain Muff air ais? Gealladh.
- iv. Dè thuirt Easgann a bha e fhèin is Sgait a' dèanamh san taigh-bheag? Ag ithe Sherbet.
- v. Dè thachradh nan innseadh lain mun rud a chunnaic e? Dheigheadh Muff a mharbhadh, agus e fhèin.
- vi. Càit an deach lain gus am faigheadh e air falbh bhon ostail? A dh'iasgach.

2

- i. 'S e Easgann an gille a bu lugha air lain anns an ostail'. Inns carson. Bha rudeigin sliogach mu dheidhinn, dheigheadh e a-mach às a rathad airson a bhith ag èigheach ainmean air.
- ii. Dè an dà rud a chuir 'stad' air lain? Bha pùdar geal air sròn gach gille, bhruidhinn Easgann le leithid de ghràin na ghuth.
- iii. Dè rinn Easgann a thug air lain feuchainn ri faighinn seachad air an dithis bhalach eile? Chroch e Muff os cionn pana an toileat.
- iv. Dè an 'gealladh' a bha Easgann ag iarraidh air lain mus toireadh e Muff dha? Nach canadh lain càil mu na chunnaic e.
- v. Tagh fiosrachadh a tha a' sealltainn gun do dh'fhàg an suidheachadh seo lain gu math briste. Bha e faisg air a bhith a' caoineadh, bha e a' sliobadh Muff agus ag ràdh fhaclan socair rithe, ga cofhurtachadh, bha e ag iarraidh air falbh bhon ostail airson greis, a bhith leis fhèin.
- vi. Dè an rud a bu lugha air lain? Duine a bhith dona do bheathaichean.
- vii. Dè cho fad 's a bha lain an dùil a bhith ag iasgach? Uair a thìde.

1

- i. Dè chunnaic Iain nuair a ràinig e an cidhe?
Yacht ri taobh a' chidhe air an robh an t-ainm Am Mary-Jane.
- ii. Carson a bu thoigh le Iain iasgach?
Bha e ga fhàgail ciùin.
- iii. Carson nach robh Iain ach 'cho toilichte 's a b' urrainn dha a bhith"?
Bha fhios aige gum feumadh e a dhol air ais don ostail.
- iv. Carson a bha fear de na daoine a bha air bòrd na yacht den bheachd gun robh an turas aca 'ann an cunnart'?
Thug fear eile de na bh' air bòrd rudeigin nach bu chòir dha do dhithis bhalach.
- v. Carson nach cuala Iain an còrr den chòmhradh?
Bha e mar gun deigheadh doras a dhùnadh agus bha na guthan air am mùchadh.

2

**Cha robh còir agad a thoirt dhaibh. Tha thu a' cur an turais againn ann an cunnart . . .
Na biodh dragh ort. Cha chan an dithis ud guth.
Chuir mi eagal am beatha orra.**

Smaoinich air Caibideil 2 agus Caibideil 3.

Dè, nad bheachd-sa, a bha na daoine anns an yacht a' ciallachadh leis na thuirt iad? Inns carson a tha thu den bheachd seo.

Bha fear de luchd na yacht air drogaichean (tha am facal seo mar phàirt de thotal an leabhair) a thoirt dha Easgann is Sgait. Tha an t-eagal air fear eile de luchd na yacht gum faighear a-mach mun a seo agus, mar sin, gum bi an turas aca ann an cunnart. Tha e coltach gu bheil iad a' toirt dhrogaichean a-steach dhan dùthaich air an yacht aca.

1

- i. Carson a bha sgioba a' *Mhary-Jane* cho toilichte?
Oir cha deach breith orra.
- ii. Dè an ceann-uidhe a bh' aig na drogaichean?
Lunnainn.
- iii. Dè an dòchas a bh' aig Hardy?
Gum biodh iad nan daoine beairteach.
- iv. Dè bha '*beairteach*' a' ciallachadh dha Toff?
Gum biodh na milleanan aige anns a' bhanca.
- v. Cò ris a bha Sgiobair coltach?
Bha aodach robach air agus dòighean a bha a cheart cho robach.
- vi. Carson nach robh iad airson a dhol air tìr ann am bailtean leithid Phort Rìgh?
Mar a bu lugha a chitheadh muinntir an àite dhiubh 's ann a b' fheàrr.
- vii. Carson a bha iad gu bhith a' seòladh a Sgonnsair tron oidhche?
Bhiodh bhan a' feitheamh riutha an sin.

2**Pàirt A**

- i. Tagh abairt a tha a' sealltainn nach robh cabhag air a bhith air sgioba a' *Mhary-Jane*.
Air an socair.
- ii. Dè an seòrsa àiteachan anns an robh am bàta air a bhith a' tadhal?
Puirt bheaga.
- iii. Dè cho fada 's a thug an turas?
Còig seachdainean.
- iv. Dè an luach a bh' anns na drogaichean a bh' air bòrd a' bhàta?
Deich millean not.

Pàirt B

- v. Carson nach robh Toff ag aontachadh ri na thuirtd Hardy (*'tha sinn gu bhith nar daoine beairteach*)?
Cha robh an t-airgead sin aca fhathast: *"Don't count your chickens, a bhalaich."*
- vi. Dè bha sgioba a' *Mhary-Jane* a' dèanamh aig an àm seo?
Bha iad nan suidhe ann an caban a' *Mhary-Jane*, ag òl uisge-beatha agus a' dol thairis air na planaichean aca.
- vii. Cò ris a bha Toff coltach?
Beag, bragail, bha deise dhaor ghleansach agus lèine is taidh shìoda air.
- viii. Dè fhuair sinn a-mach mu Hardy?
Gun deach a thogail ann an Glaschu, gun robh e a' fuireach ann an Lunnainn, gun robh aodach iasgair air, gur e duine cruaidh, le sùilean cruaidh a bh' ann.

Pàirt C

- ix. Cò dheigheadh dha na bùithtean do mhuinntir a' bhàta?
Gillean òga anns an àite.
- x. Dè bha Hardy air a thoirt do ghillean às an ostail?
Cocaine.
- xi. Dè an uair a bha iad a' dol a choinneachadh ri bhan ann an Sgonnsair?
Trì uairean sa mhadainn.
- xii. Cò mu dheidhinn a bha iad a' bruidhinn mus deach iad dhan leabaidh?
Na dhèanadh iad leis an airgead.
- xiii. Dè an uair a bha e aig deireadh a' chaibideil?
Sia uairean (feasgar).

1

- i. Dè an dà rud a bhiodh Mgr MacLeòid a' dèanamh nuair a bhiodh dragh air?
Phaisgeadh e a làmhan air a chùlaibh, choimheadadh e a-mach air an raon-chluich.
- ii. Dè na h-obraichean a bh' aig Mgr Òg agus aig a' Bhean NicColla?
Fear-gleidhidh na h-ostail agus tidsear Matamataig / os cionn na h-ostail.
- iii. Carson a bha dragh air Mgr MacLeòid?
Bha fathann a' dol mun cuairt gun robh cuid den chloinn ri drogaichean.
- iv. Dè an rud eile a bhiodh Mgr MacLeòid a' dèanamh nuair a bhiodh dragh air?
Bhiodh e a' toirt dheth a ghlainneachan agus gan glanadh le raga.
- v. Dè am prìomh fhiosrachadh a th' air a thoirt dhuinn mun Bhean NicAsgaill?
Gun robh sròn mhìorbhaileach aice airson naidheachd ann am Port Rìgh, agus mar bu trice bhiodh am fiosrachadh ceart.
- vi. Cò bha gu bhith aig a' choinneimh?
An ceannard, clann na h-ostail agus an Dotair Reay.

2

- i. **Am fiosrachadh a fhuair Mgr MacLeòid, ceannard Sgoil Phort Rìgh:**
Bha màthair aon de na sgoilearan air fòn a chur thuige oir bha i air cluinntinn gun robh cuid den chloinn ri drogaichean.
- ii. **An Còmhradh eadar Mgr MacLeòid, Mgr Òg agus a' Bhean NicColla**
Thuirt Mgr MacLeòid riutha gun robh a' Bhean NicAsgaill air innse dha gun robh cocaine aig gillean anns an ostail.
Cha do chreid Mgr Òg seo an toiseach oir tha cocaine gu math cosgail. Cha robh e a' smaoinichadh gum biodh airgead gu leòr aig gillean cocaine a cheannach.
Cha do chreid a' Bhean NicColla an toiseach – cha robh i a' smaoinichadh gum biodh duine ann a bheireadh dhaibh e.

1

- i. Ro thoiseach na coinneimh, cò ris a bha Easgann agus Sgait coltach?
Bha sunnd orra, bha iad a' gaireachdainn agus a' fealla-dhà.
- ii. Ainmich dà rud a sheall gun robh rudeigin fada ceàrr.
Bha aodann Mhgr MhicLeòid trom, dùrachdach / cha robh an solas spòrsail, àbhaisteach ann an sùilean Mhgr Òig.
- iii. Carson a sguir Mgr MacLeòid a bhruidhinn airson greis (às dèidh dha faighneachd dha na sgoilearan an robh fios aca carson a bha coinneamh ann)?
Bha e a' sealltainn airson duine a bha an-fhoiseil no a bha a' coimhead ciontach.
- iv. Dè thachradh do dhuine sam bith nam faigheadh Mgr MacLeòid a-mach gun robh iad a' gabhail dhrogaichean?
Dheigheadh an cur às an sgoil sa bhad.
- v. Dè bha Easgann is Sgait a' dèanamh fhad 's a bha Mgr MacLeòid a' bruidhinn?
Bha iad a' geur-amharc air le nàimhdeas nan sùilean.
- vi. Thuig Iain carson a bha Easgann is Sgait cho fiadhaich. Inns carson.
Bha iad a' smaoinichadh gun do dh'inns esan gun robh iad ri drogaichean.
- vii. Carson a dh'fheumadh Iain fuireach san ostail?
Bha a dhachaigh ro fhada air falbh - dh'fheumadh e fuireach ann am Port Rìgh tron t-seachdain.
- viii. Carson a bha MacDhòmhnail a' smaoinichadh nach robh firinn sa ghnothach?
Cha robh e a' smaoinichadh gun robh drogaichean làidir ann am Port Rìgh.
- ix. Dè bha air tachairt san rùm aig Iain agus an Sgioba fhad 's a bha Iain air falbh?
Chaidh Muff a mharbhadh.

Par.	Teacsa	Càite?	Sealladh (le fianais)
1	Bha Iain ann an seòmair nan geamannan is e a' cluich teanas-bùird còmhla ri Domitan nuair a thàinig Punto le naidheachd mun choinneimh. Bha aca uile, nigheanan agus gillean, ri dhol dhan t-seòmair mhòr far am biodh iad a h-uile oidhche nan suidhe airson uair a thìde a' dèanamh obair-dachaigh.	seòmair nan geamannan	Tha 'an camara' air Iain (agus Domitan is Punto): me, 'Bha Iain ann an seòmair nan geamannan.'
2	Nuair a ràinig Iain an seòmair mòr, chunnaic e gun do shuidh an Sgioba faisg air a chèile. Thug e an aire gun do shuidh Easgann agus Sgait faisg air a chèile cuideachd, agus abair gun robh sunnd orra, 's iad a' gàireachdainn agus a' fealla-dhà. Shuidh Iain cho fada air falbh bhuapa agus a b' urrainn dha.	an seòmair mòr	Tha sùilean Iain mar 'an camara' is e a' coimhead mun cuairt: 'chunnaic e ...'
3	Bha a h-uile duine a' bruidhinn mun choinneimh. Carson a chaidh an gairm còmhla? An e dad a bha ceàrr? Cha robh fios aig duine, ach nuair a chunnaic iad an ceannard, an dotair agus an dithis eile còmhla riutha thàinig stad air a' ghàireachdainn agus a' chòmhradh. Bha aodann Mhgr MhicLeòid trom, dùrachdach. Cha robh an solas spòrsail, àbhaisteach ann an sùilean Mhgr Òig.	an seòmair mòr	Tha 'an camara' an toiseach a' coimhead timcheall air an t-seòmair agus ag èisteachd ris a' chloinn: 'Bha a h-uile duine a' bruidhinn mun choinneimh'. Tha e an uair sin a' coimhead air an dithis a tha os cionn na coinneimh: 'Bha aodann Mhgr MhicLeòid ...'
4-7	"A bheil fios aig duine carson a chaidh ur gairm còmhla?" thòisich Mgr MacLeòid. Cha do chuir duine suas a làmh. Sgrùd e na h-aodainn mu choinneimh, a' sealltainn airson duine a bha an-fhoiseil no a bha a' coimhead ciontach, mus do chùm e air. "S e rud gu math cudromach air a bheil sinn a' dol a bhruidhinn ribh. Fhuair mise fios an-diugh gu bheil cuideigin anns an ostail seo a' gabhail dhrogaichean air leth cunnartach. Air an fhacal "drogaichean" thàinig drann bho na sgoilearan. Chuir Mgr MacLeòid suas a làmh. "Cha leig mise leas innse dhuibh, ma gheibh mise a-mach gu bheil duine anns an sgoil seo ri leithid de dh'obair olc, gun tèid a chur a-mach às an sgoil mus suath a chasan an làr." Thuirt e mòran eile, a' toirt rabhadh dhaibh mu dhrogaichean agus an cunnart a bha nan lùib."	an seòmair mòr	Tha 'an camara' sa chumantas a' coimhead air Mgr MacLeòid: m.e. "A bheil fios aig duine carson a chaidh ur gairm còmhla?" thòisich Mgr MacLeòid. Ach, an-dràsta 's a-rithist, tha 'an camara' a' coimhead air clann na h-ostail (me, 'cha do chuir duine suas a làmh.')
8-10	Fhad 's a bha e a' bruidhinn bha Iain a' faireachdainn Easgann agus Sgait a' geur-amharc air le nàimhdeas nan sùilean. An toiseach cha robh e a' tuigsinn dè bha a' tighinn riutha. An uair sin thàinig e uile thuige ann am priobadh. Am pùdar geal! Cha b' e sherbet a bha ann idir ach droga, air 's bith dè seòrsa, cha robh fhios aige. Sin carson a bha iad cho fiadhaich! Bha iad a' smaoinichadh gun do dh'inns esan orra. Aig an aon àm chuimhnich e air na chuala e bhon yacht. "Cha robh còir agad a thoirt dhaibh, tha thu a' cur an turais againn ann an cunnart." Agus am freagairt bhon fhear eile, "Na biodh dragh ort. Cha chan an dithis ud guth." Thàinig e a-steach air gun robh ceangal ann eadar an rud a bha Easgann agus Sgait ris agus an rud a thuirt fir na yacht. Cha b' urrainn dha dearbhadh gun d' fhuair iad drogaichean bhon yacht, ach càit eile am faigheadh iad iad?	an seòmair mòr	Anns a' phìos seo, 's e smuaintean Iain a tha sinn a' cluinntinn: 'cha robh e a' tuigsinn ...' ... 'thàinig e a-steach air ...'
11	Bha an Dotair Reay, duine mòr àrd le aodann còir, a-nis air a chasan is e ag innse dhaibh cho cunnartach agus a bha drogaichean do shlàinte. Ri thaobh bha Mgr Òg agus e a' gnogadh a chinn gu tuigseach an-dràsta agus a-rithist. Thuirt Mgr MacLeòid mu dheireadh nam faigheadh esan dearbhadh gun robh firinn sam bith anns an fhathann mu dhrogaichean a bhith anns an ostail gun tigeadh am poileas a dhèanamh ceasnachadh.	an seòmair mòr	Tha 'an camara' a' coimhead air an Dotair Reay, Mgr Òg agus Mgr MacLeòid (me, 'bha an Dotair Reay a-nis air a chasan.')

Par.	Teacsa	Càite?	Sealladh (le fianais)
12	Chuir seo uile eagal air Iain. Chan e gun tigeadh am poileas, ach dè dhèanadh Easgann agus Sgait? Bha iad fhathast a' coimhead a-nall air le fuath agus an cinn a' dol còmhla mar gum biodh iad a' dealbh innleachd na aghaidh. B' fheàrr leis nach robh e riamh air tighinn don ostail, ach cha robh roghainn aige sa ghnòthach. 'S ann an ceann a deas an eilein a bha a dhachaigh agus dh'fheumadh feadhainn a bha a' fuireach cho fada air falbh an t-seachdain a chur seachad ann am Port Rìgh.	an seòmair mòr	Ann an a' phìos seo, 's e smuaintean Iain a tha sinn a' cluinntinn: 'b' fheàrr leis ...'
13	Bha a h-uile duine a' bruidhinn mun choinneimh agus mu dhrogaichean. 'S i a' cheist a bha aig gach duine san t-seòmair, "Saoil cò anns an ostail a tha ri drogaichean?"	an seòmair mòr	Tha 'an camara' a' coimhead timcheall air an t-seòmair agus ag èisteachd ris a' chloinn: 'Saoil cò ...'
14-16	"Cha leig sibh leas coimhead ormsa," arsa Punto le gàire ri MacDhòmhnail is Casper. "Chan e mise a bh' ann co-dhiù." Mu dheireadh thuirt MacDhòmhnail, "Cuiridh mi geall gur e breugan a th' ann. Càit am faigheadh duine drogaichean làidir am Port Rìgh?" Cha robh de dhuinealas aig duine na chuireadh an aghaidh beachd MhicDhòmhnail.	an seòmair mòr	Tha 'an camara' a' coimhead air an Sgioba agus ag èisteachd riutha (me, 'Mu dheireadh thuirt MacDhòmhnail ...')
	"Chaidh Iain air ais gu seòmair nan geamannan agus chuir e fhèin agus Domitan crìoch air a' ghèam teanas. Bha Iain a' cumail sùil a-mach airson Easgann agus Sgait fhad 's a bha e a' cluich teanas, ach cha robh sgeul orra. Às dèidh dhaibh a bhith deiseil, bha beagan mhionaidean ann mus biodh an dinnear ann. Smaoinich e gun deigheadh e suas don rùm aige a choinneadh air Muff."	seòmair nan geamannan	Tha 'an camara' air Iain (agus gu ìre Domitan): me, 'chuir e fhèin agus Domitan crìoch ... Bha Iain a' cumail sùil ...' Tha sinn cuideachd a' cluinntinn smuaintean Iain: 'Smaoinich e gun deigheadh e suas ...'
	"Nuair a dh'fhosgail e an drathair, cha mhòr nach do thuit e. Bha Muff na laighe air bonn an drathair agus fuil a' tighinn a-mach às a beul. Bha cuideigin air a marbhadh. Thilg Iain e fhèin air an leabaidh agus thòisich e air caoineadh. Cha robh duine anns an rùm ach e fhèin."	anns an dorm aig Iain	Tha 'an camara' air Iain: 'Nuair a dh'fhosgail e an drathair ...' agus air Muff: 'Bha Muff na laighe ...'

3

- i. Dè chleachd an sgrìobhadair airson sgaradh a chur anns a' chaibideil?
Chleachd e rionnagan faisg air deireadh a' chaibideil.
- ii. Nur beachd-se, carson a rinn e sin?
Tha na rionnagan a' dealachadh na thachair sa choinneimh anns an t-seòmair mhòr agus na thachair às a dèidh – gu h-àraid ann an dorm Iain.
- iii. Nur beachd-se, carson nach do rinn an sgrìobhadair caibideil fa leth às a' phìos mu dheireadh den chaibideil?
Bha e ro ghoirid airson seasamh leis fhèin.
Bha na thachair anns a' phìos seo mar thoradh air na thachair anns a' phìos roimhe.

1

- i. Carson a bha Iain a' faireachdainn 'gu tur leis fhèin'? Ainmich dà adhbhar. Bha Muff marbh, b' àbhaist Punto a bhith aige na charaid ach cha robh tuilleadh.
- ii. Carson nach b' urrainn dha innse dha na tidsearan mu na thachair do Muff?
Bha e an aghaidh nan riaghailtean peata a bhith aig sgoilearan anns an ostail, bhiodh iad a' maoidheadh air, bhiodh iad ag ràdh nach bu chòir dha peata a bhith aige anns a' chiad àite.
- iii. 'Ieth leis an fheirg'. Tagh abairt às a' chaibideil a sheallas gun robh 'fearg' air Iain
'Sheas e agus e a' toirt an aghaidh orra', 'phut Iain Easgann air falbh bhuaithe', "'S e trais a th' annad," ghlaodh Iain'.
- iv. 'Ieth leis an eagal'. Tagh abairt às a' chaibideil a sheallas gun robh 'eagal' air Iain.
'Thuirt e agus e air chrith'.
- v. Dè a' bhuidhe a bh' aig a' bhuille a thug Iain do dh'Easgann?
Thòisich fuil a' sruthadh às a shròn.
- vi. Carson a fhuair Easgann 'làmh-an-uachdair'?
Chuidich Sgait e.
- vii. Carson a thòisich Iain a' rànaich às dèidh do Dhomitan bruidhinn ris?
Cha b' ann tric a bha cuideigin còir ris, bha an coibhneas seo ga fhàgail le luchd na amhaich.
- viii. Carson, ann am beachd Iain, a bhiodh cuid de na gillean ag obair air?
Bha e ro bhog, bha na gillean a' faicinn gun robh na bha iad ag ràdh ris a' dèanamh dragh dha.

1

- i. Carson nach robh dragh air Iain a bhith ann an seòmair an telebhisean?
Bha seòmair Mhgr Òig ri a thaobh agus, mar sin, bha fhios aige nach cuireadh Easgann no Sgait dragh air.
- ii. Carson nach robh MacDhòmhnail airson innse do Mhgr Òg mu na drogaichean? Thoir dà phìos fiosrachaidh.
Bha e ag iarraidh gum biodh iad cinnteach an toiseach, 's dòcha nach robh Easgann ach a' tarraing à Iain mu na drogaichean, 's dòcha nach robh ann ach mac-meanmna Iain.
- iii. Carson a dh'aontaich an Sgioba gun robh e coltach gun robh Easgann agus Sgait ri drogaichean?
Mura bitheadh, carson a bheireadh iad ionnsaigh air Iain? (cha bhiodh adhbhar aca).
- iv. Inns mun beachd a bh' aig MacDhòmhnail.
Dheigheadh iad chun na yacht agus chitheadh iad an robh drogaichean air bòrd (nuair a bhiodh an criutha nan cadal), agus ma bha, dh'innseadh iad do Mhgr Òg.
- v. Carson nach do chòrd am beachd seo ri Casper agus Domitan? Thoir dà adhbhar.
Oir dh'fhaodadh gun deigheadh breith orra, dh'fhaodadh gum biodh gunnaichean aca.
- vi. Carson a bha MacDhòmhnail a' smaoinichadh gum bu chòir dhaibh a dhol ann aig meadhan-oidhche?
Bhiodh Iain na chadal.
- vii. Carson a bha an Sgioba a' dol a chur stocainnean tiugha thairis air am brògan?
Airson am fuaim a mhùchadh nuair a dheigheadh iad air bòrd.
- viii. Càit an robh MacDhòmhnail a' smaoinichadh a bhiodh na drogaichean?
Fon deic (agus bhiodh dà tholl ann airson coimhead fon deic).
- ix. Carson a bha e coltach nach e cainb a bh' anns na drogaichean?
Tha cainb donn, bha an stuth a chunnaic Iain geal.
- x. Carson a bha MacDhòmhnail a' smaoinichadh gum biodh tòrr dhrogaichean ann?
Cha b' fhiach dhaibh tighinn a-steach dhan dùthaich le beagan.

2 Tòimhseachan

		³ m				² c				⁷ r	u	i	t	h	
¹ d	r	a	t	h	a	i	r			⁵ l					
o		c				n				e				⁹ g	
r		-		⁴ i	o	n	n	s	a	i	g	h		u	
m		m				t				b				n	
		e				⁶ e	a	l	a	d	h			n	
¹⁵ g	e	a	l			a				i				a	
		n		¹⁰ r		c				d		¹⁶ g		i	
		m		a		h				h		u		c	
		n		t					¹² t			t		h	
⁸ m	e	a	d	h	a	n	-	o	i	d	h	c	h	e	
				a				l						a	
¹³ t	o	i	r	d	s	e		l				¹⁴ d	o	n	n
¹¹ s	t	o	c	a	i	n	n	e	a	n					

1

- i. Dè chuala lain fhad 's a bha e ag èisteachd aig an doras?
Na gillean eile is iad a' dèanamh phlanaichean.
- ii. Carson a fhuair lain briseadh-dùil nuair a leig an Sgioba Punto a-steach dhan bhuidheann? Thoir dà adhbhar.
Leig iad le Punto a bhith anns an Sgioba agus cha do leig leis-san, 's e gille ùr a bha ann am Punto no cha robh Punto air a bhith anns an sgoil ach sia mìosan, bha e fhèin agus lain air a bhith nan deagh charaidean gus an do ghabh an Sgioba ri Punto.
- iii. Carson a bha cuid de ghillean na h-ostail air cruinneachadh aig an doras-aghaidh?
Bha Easgann tinn – bha carbad-eiridinn a' dol ga thoirt dhan ospadal.
- iv. Carson a 'chrònaich lain e fhèin'?
Oir rinn an naidheachd toilichte e an toiseach agus bha fhios aige gun robh sin ceàrr.
- v. Dè an staid anns an robh Easgann? Ainmich dà rud.
'S ann air sìneadair a bha e, bha aodann mar an t-anart, bha e mar gun robh e na chadal.

2

Facal Doirbh	Ciall	Co-theacsa
tàmailt	<i>bha e air leth duilich no goirt na chridhe</i>	Bha e air tàmailt mhòr a chur air gun do leig iad le Punto a bhith anns an Sgioba agus nach do leig leis-san. 'S e gille ùr a bha ann am Punto.
seirm	<i>fuaim a nì carbad èiginn</i>	Chuala e cuideachd seirm mar gum biodh càr poileis.
grunn	<i>àireamh de, gu leòr</i>	Chaidh e air ais sìos an staidhre. Bha grunn ghillean mun doras-aghaidh
air an cur thuige	<i>air bhioran, air bhoil</i>	Bha grunn ghillean mun doras aghaidh agus iad air an cur thuige mar gum biodh rudeigin eagalach air tachairt. Chunnaic e carbad-eiridinn aig an doras.
chrionaich	<i>thuirt e ris fhèin gun robh e ceàrr</i>	Rinn an naidheachd toilichte e an toiseach. Ach aig an aon àm bha fhios aige gun robh sin ceàrr. Cha bu chòir dha a bhith toilichte ged a bha Easgann cho olc ris. Chrionaich e e fhèin ...
mhiannaich	<i>bha e an dòchas gu mòr</i>	Chrionaich e e fhèin agus mhiannaich e gum biodh Easgann ceart gu leòr.
sìneadair	<i>seòrsa de leabaidh air an tèid duine tinn a ghiùlan</i>	Thàinig fir a' charbaid-eiridinn a-nuas le Easgann air sìneadair .
anart	<i>aodach-leapa geal</i>	Bha aodann mar an t- anart agus bha e mar gun robh e na chadal.

1

- i. Dè am plana a bh' aig Iain?
Gun leanadh e an Sgioba nuair a dheigheadh iad chun na yacht.
- ii. Carson a bha e airson seo a dhèanamh? Thoir dà adhbhar.
Bha e a' smaoinichadh gur dòcha gum b' urrainn dha cuideachadh a thoirt dhaibh, 's e esan a bha air innse dhaibh mun yacht agus, mar sin, bha a cheart uiread de chòir aigesan a dhol air an turas.
- iii. Dè rinn Iain às dèidh dha na balaich oidhche mhath a ràdh ri chèile?
Leig e air gun robh e na chadal, a' leigeil anail a-steach agus a-mach gu rèidh.
- iv. Dè am fiosrachadh a tha a' sealltainn dhuinn nach robh MacDhòmhnaill airson Iain a dhùsgadh? Ainmich dà rud.
Bha e a' sanais, thuir e ainm a-rithist beagan na b' àirde gus dèanamh cinnteach.
- v. Dè an t-eagal a bh' air Iain nuair a bha e a' coiseachd ri taobh an rathaid?
Gun coinnicheadh e ri duine a dh'aithnicheadh e.
- vi. Dè rinn e airson an t-eagal seo a dhèanamh nas lugha?
Tharraing e coilear a sheacaid suas mu amhaich airson aodann fhalach, choisich e na bu luaithe.

2

Eisimpleir de fhreagairt:

- i. Nuair a chaidh iad dhan leabaidh, cha do dh'inns Iain dhan Sgioba mu na planaichean a bh' aige.
- ii. Bha e an dùil an Sgioba a leantainn nuair a dheigheadh iad chun na yacht.
- iii. Dh'fhalbh an Sgioba nuair a bha iad cinnteach gun robh Iain na chadal.
- iv. Lean Iain iad ged a bha iad pìos math air thoiseach.

1

- i. Càit an do dh'fhàg an Sgioba an rathad mòr?
Faisg air an drochaid thairis air Abhainn Leasgearraidh.
- ii. Carson a b' urrainn dhan Sgioba am bàgh, an cidhe agus an yacht fhaicinn, ged as e an oidhche a bh' ann?
Bha solas mòr bhon ghealaich.
- iii. Dè chunnaic an Sgioba nuair a thàinig iad faisg air an yacht?
Cuideigin na sheasamh.
- iv. Dè bha an duine a bha faisg air an yacht a' dèanamh?
A' coimhead sìos air an yacht.

2

Pàirt A

- i. Dè thachair nuair a bha an Sgioba faisg air an drochaid thairis air Abhainn Leasgearraidh?
Chaidh càr seachad orra gu slaodach.
- ii. Carson a bha e na chuideachadh dhan Sgioba nach robh mòran uisge anns an abhainn?
Fhuair iad tarsainn air na clachan gun an casan a fhliuchadh.
- iii. Dè th' air innse dhuinn mu choltas a' Mhary-Jane?
Bha crann àrd ag èirigh os a cionn.
- iv. Dè rinn Domitan gus nach dèanadh càch cus fuaim?
Chuir e a làmh a-mach ris an fheadhainn eile.

Pàirt B

- v. Dè cho fada 's a bha an Sgioba bhon yacht nuair a shaoil MacDhòmhnail gus e lain a bha ri taobh na yacht?
Mu cheud meatair air falbh.
- vi. Ciamar a bha MacDhòmhnail a' faireachdainn nuair e chunnaic e gur dòcha gun robh lain air thoiseach orra?
Bha e fiadhaich.
- vii. Dè dhèanadh an Sgioba nam b' e aon den chriutha a bh' ann?
Tilleadh.
- viii. Cò den Sgioba a bha an-còmhnaidh air thoiseach fhad 's a rinn iad an slighe chun a' chidhe?
MacDhòmhnail

1

- i. Dè an staid anns an robh Easgann?
Gu math tinn (às dèidh cus den droga cocaine a ghabhail).
- ii. Carson a bha Mgr Òg air a thàmailteachadh gun robh gille às an ostail air a bhith a' gabhail dhrogaichean? Thoir dà adhbhar.
Bha an ostail an urra ris-san, chuireadh e cliù na h-ostail ann an cunnart.
- iii. Ainmich trì rudan a thug Easgann às a phòcaidean.
Sgian, sreang, pìosan peansail, poca pàipeir.
- iv. Dè bh' anns a' phoca pàipeir?
Pùdar geal.
- v. Dè am prìomh fhiosrachadh a thug Mgr Òg dhan phoileas?
Gun robh yacht aig a' chidhe le drogaichean air bòrd.
- vi. Dè fhuair Mgr Òg a-mach nuair a thug e sùil ann an dorm a trì?
Gun robh na leapannan uile fala mh.

2

Paragraf	Ainmearan (rudan, daoine, àiteachan)
1 ('Bha Mgr Òg ...')	Mgr MacLeòid drogaichean clann leithid ostail gille(an)
2 ('Ach a-nis ...')	dearbhadh droga cocaine fàmailt àite grèim pàipear(an)-naidheachd Bean NicColla ospadal Ruairidh Moireasdan clìù cus Easgann cunnart
3 - 6 ('Bha Mgr Òg ...')	caraid farainm nì Coinneach MacRath sùil(ean) Sgait guth
7 - 10 ('Ghnog Sgait ...')	fios smid ceann cinnt
11 - 14 ('Dh'fhàs Sgait ...')	pòcaid(ean) sgian sreang seacaid tidsear pìos(an) briogais peansail
15 - 18 ('Thug e a-mach ...')	suiteas pàipear poca dust pùdar fuaim
19 - 22 ('Chan eil fhios ...')	dithis
23 - 24 ('An toiseach...')	toiseach cidhe cothrom yacht
25 ('Cha robh an ...')	còrr uair fòn rùm poileas madainn bòrd
26 ('Chuir e fòn ...')	Mgr MacLeòid staidhre eucorach ceannard cùis(ean) firinn
27 - 29 ('Thug e an aire ...')	aire làmh lethcheann dùil doras fead dorm anail

3

p	ò	c	a	i	d	r	ò	b	a	b	a	i	r	e
ù	c	e	d	s	g	i	a	n	e	f	n	ì	g	u
d	e	a	r	b	h	a	d	h	d	i	a	r	a	c
a	h	n	i	l	l	m	o	n	s	o	i	f	u	o
r	o	n	ò	f	i	p	r	ù	m	r	l	s	a	i
a	n	a	t	u	a	ù	a	b	c	p	d	e	i	r
e	n	r	f	c	ù	i	s	t	a	i	d	h	r	e
m	a	d	a	i	n	n	a	l	c	o	s	g	h	a
o	e	h	t	u	g	n	a	e	r	s	i	i	r	c
r	c	i	n	n	t	i	l	m	f	e	a	d	a	h
h	c	a	e	s	i	o	t	n	ì	a	g	ù	e	m
t	o	p	o	i	l	e	a	s	r	c	o	i	s	i
o	p	e	t	i	à	r	s	u	i	a	i	l	d	È
c	i	d	h	e	m	t	u	c	n	i	r	c	i	r
l	e	t	h	c	h	e	a	n	n	d	b	a	t	g

1

- i. Carson a bha iongnadh air Iain nuair a ràinig e an cidhe?
Nach robh an Sgioba ann air thoiseach air.
- ii. Tagh **dà abairt** a sheallas gun robh Iain gu math faiceallach nuair a bha e air bòrd na yacht.
'Ghluais e cho sàmhach agus a b' urrainn dha', 'chuir e air an toirdse (agus an soillse) air falbh bhon chaban'.
- iii. Tagh abairt a sheallas gun robh MacDhòmhnail gu math mì-fhaiceallach.
'Arsa MacDhòmhnail ann an guth a bha fada ro àrd'.
- iv. Seall, le **dà eisimpleir**, gur e duine garbh a bh' anns an duine (Hardy) a ghlac Iain.
Rug e air cùl amhaich, tharraing e a-steach don chaban e, thilg e sìos air suidheachan e.
- v. Dè am fiosrachadh a bu chudromaiche do Toff?
An robh duine còmhla ri Iain.
- vi. Carson a bha Toff airson falbh sa bhad?
Oir bha fhios aige gun robh gillean eile còmhla ri Iain.
- vii. Dè am facal, faisg air deireadh a' chaibideil, as fheàrr a dh'inneas dhuinn mu shuidheachadh Iain?
Prìosanach.

2

- i. 'Nuair a ràinig lain an cidhe, chunnaic e an yacht anns an aon àite anns an robh i na bu thràithe. Cha robh duine eile ri fhaicinn. Chuir e iongnadh mòr air nach robh an Sgioba ann air thoiseach air. Cha b' urrainn dha tuigsinn dè bha air tachairt dhaibh.'

Le bhith a' coimhead air ais air Caibideil 10 agus Caibideil 11, seall carson nach b' urrainn do lain an suidheachadh seo a thuigsinn.

Ann an Caibideil 10 leugh sinn gun robh an Sgioba 'pìos math air thoiseach air' lain. Cha robh sin gu leòr do lain ge-tà: 'dh'fhuirich e gus an robh iad air a dhol à sealladh agus lean e iad.'

Ann an Caibideil 11, leugh sinn gun do lean an Sgioba cùrsa na h-aibhne às dèidh dhaibh an drochaid a ruighinn. Bhiodh seo slaodach – bha aca ri dhol tarsainn na h-aibhne air clachan is bha iad a' coiseachd fo sholas na gealaich. Cha robh fios aig lain gun do ghabh an Sgioba an t-slighe seo. Ann an Caibideil 10, leugh sinn gun do 'choisich lain na bu luaithe' às dèidh dha an drochaid a ruighinn. Bha lain an dùil gun robh an Sgioba air thoiseach air is iad a' gabhail an aon shlighe air an robh e fhèin. Mar sin, ràinig lain an cidhe ron Sgioba – rud nach b' urrainn dha a thuigsinn.

- ii. Seall, le bhith a' togail air an dàrna paragraf, gun robh lain a' faireachdainn mì-chinnteach.

Tha sinn a' faicinn cho mì-chinnteach is a tha lain le mar a tha diofar bheachdan ('An toiseach smaoinich e gum fuiricheadh e gus an tigeadh an Sgioba ... Ach ...) is cheistean 'Ach dè ma thog e ceàrr an còmhradh a bha eatarra anns an ostail ... no gun deach iadsan gu bàta eile?' a' tighinn a-steach air.

- iii. Le bhith a' togail air an treas paragraf, seall dè an rud as cudromaiche do dh'lain agus mar a tha fios agad air a seo.

Tha sinn a' faicinn an rud as cudromaiche do dh'lain aig deireadh a' pharagraf: 'gun gabhadh an Sgioba ris mar aon dhiubh fhèin!' Tha fios againn gu bheil seo cudromach le mar a tha clisg-phuing a' cur cuideam air miann lain. Ach 's e an rud as motha a tha a' soilleireachadh dè as cudromaiche do dh'lain gu bheil e deònach e fhèin a chur ann an suidheachadh air leth cunnartach ('Carson nach deigheadh esan e fhèin air bòrd? 'S dòcha gum faigheadh e lorg air na drogaichean e fhèin, gun chuideachadh sam bith bhon Sgioba.') leis gu bheil e an dòchas gur dòcha gun toir seo air an Sgioba gabhail ris.

- iv. Nad bheachd-sa, carson a tha an sgrìobhadair a' cleachdadh sheantansan goirid anns a' cheathramh paragraf?

Tha an sgrìobhadair a' cleachdadh sheantansan goirid anns a' pharagraf seo airson sealltainn gach gluasad a rinn Iain: 'Thug e sùil mun cuairt. Chuir e a chas air an àradh agus chaidh e sìos. Ghreimich a chasan air uachdar na yacht. Ghluais e cho sàmhach agus a b' urrainn dha gu deireadh a' bhàta.' Tha e cuideachd a' cleachdadh sheantansan goirid gus eagal/teanntachd a chruthachadh: 'Chunnaic e gun robh preasachan beaga an sin. Chaidh e a-null gu fear agus dh'fhosgail e e. 'S e ròpaichean a bha ann. Dh'fheuch e a làmh sìos fodhpa. Dh'fhairich e rudeigin neònach mar gum biodh pacaidean plastaig. Thòisich e a' tarraing tè a-mach nuair a chuala e guth os a chionn.

- v. Nad bheachd-sa, carson a chuir an sgrìobhadair 'Iain!?' ann am paragraf leis fhèin?

Tha na tha a' tachairt sa chaibideil seo an urra ris na thuirt MacDhòmhnaill – mura biodh e air seo a ràdh tha a h-uile coltas gum biodh Iain air faighinn far na yacht le dearbhadh gun robh drogaichean air bòrd. Mar sin, tha e iomchaidh gum biodh am facal leis fhèin. Tha MacDhòmhnaill a' briseadh a-steach do shuidheachadh èiginneach Iain ('bha a chridhe a' dol le brag na bhroilleach') agus mar sin, feumaidh e a bhith air leth bhon pharagraf roimhe.

- vi. Coimhead air paragrafan 6 – 9.

Tagh dà abairt a sheallas gu bheil eagal a' toirt buaidh air Iain anns an t-suidheachadh seo.

'Cha mhòr nach do dh'fhanntaig e.' / "'Ist," chagair Iain agus e a' cur a chorrach ri a bheul.' / 'Reoth e.'

- vii. Coimhead air a' phàirt den chaibideil às dèidh dha Toff tighinn às a' chaban.

Seall gu bheil tuigse mhath aig Toff gu bheil e fhèin is an dithis eile ann an cunnart. Feuch ri togail air dà phuing.

Tha sinn a' leughadh gun robh Toff a bha air a bhith 'na leth chadal' a-nise 'na làn dhùisg' nuair a chuala e gun robh Iain air a bhith "'a' rùrach ann an toll nan ròpa". Tha an naidheachd seo a' sealltainn gu bheil cunnart faisg.

'S e a' chiad rud a tha e a' faighneachd "'A bheil duine còmhla riut?". Tha fios aige gu bheil iad ann am fìor chunnart ma tha fios aig duine sam bith eile gu bheil drogaichean no Iain air bòrd. 'S e sin a tha a' toirt air a ràdh "'Feumaidh sinn dèanamh air Sgonnsair sa bhad.'

Tha fios aige gum feum iad Iain a thoirt leotha leis gu bheil fios aige air cus: "'Glas anns an toiseach e ...'

1

- i. Carson a stad an Sgioba a ruith?
Mhothaich iad nach robh duine gan leantainn.
- ii. Dè am fuaim a chuala iad às dèidh dhan luchd-turais sùil a thoirt orra?
Einnsean bàta a' tighinn beò.
- iii. Carson a bha MacDhòmhnaiill cho misneachail mu bhith a' cleachdadh bàta? Thoir dà adhbhar.
Bha MacDhòmhnaiill cleachdte ri bàtaichean, bha bàta aig athair, bha e eòlach air na bàtaichean a bhiodh ris a' chidhe.
- iv. Tagh abairt a sheallas gun robh an t-astar eadar an dà bhàta a' fàs na bu lugha.
"tha sinn a' breith orra".

2

- i. Le bhith a' cuimhneachadh air na thachair ann an Caibideil 13 aig a' chidhe, beachdaich air na tha sinn a' faighinn a-mach mu character MhicDhòmhnaiill ann am paragrafan 1 – 2.

Tha MacDhòmhnaiill a' cur na coire air fad air Iain: *'Bha MacDhòmhnaiill a' cur às fhèin mu dheidhinn Iain ... "An t-amadan"'* ged as e e fhèin a bu chuireach leis gun do bhruidhinn e ann an guth a bha *'fada ro àrd'*.

- ii. Tha an Sgioba a' cluinntinn 'einnsean bàta a' tighinn beò' agus tha sinn a' faighinn a-mach mar a thill an Sgioba chun a' chidhe.

Nad bheachd-sa, dè tha na rinn MacDhòmhnaiill às dèidh seo ag innse dhuinn mun character aige? Tog air dà rud.

'Leum e air bòrd ... Cha robh tìde aig an triùir argamaid ris': Tha MacDhòmhnaiill na cheannard air a' bhuidheann agus 's e e fhèin a nì na co-dhùnidhean cudromach: *"Chan urrainn dhuinn Iain fhàgail ged as e an t-amadan a th' ann,"* fhreagair MacDhòmhnaiill gu cruaidh. Tha MacDhòmhnaiill na character dìleas a nì an rud ceart ged a bhiodh cunnart ann.

- iii. Coimhead a-rithist air a' pharagraf mu dheireadh far an leugh sinn: *'Bha MacDhòmhnaiill aig an stiùir.'*
Seall mar a dh'fhaodadh sinn seo a thuigsinn ann an dà dhòigh.

Tha sinn a' faicinn gur ann aig MacDhòmhnaiill a tha smachd air far a bheil am bàta a' dol. Ach tha sinn cuideachd a' faicinn gur ann aig MacDhòmhnaiill a tha smachd air an Sgioba.

1

- i. Dè an t-eagal a bu mhotha a bh' air an Sgioba nuair a bha an yacht a' tighinn gan ionnsaigh?
Gun robh an yacht a' dol a dh'fheuchainn ri bualadh annta.
- ii. Tagh abairt a sheallas gun robh fios aig an Sgioba nach fhaigheadh iad air falbh bho na h-eucoraich.
'cha robh dol às aca'
- iii. Dè an dà rud a chleachd na h-eucoraich airson grèim fhaighinn air a' bhàta agus airson eagal a chur air na gillean?
Slat le dubhan, gunna.
- iv. Dè rinn Toff gus am biodh an Sgioba 'ann am meadhan na mara gun dhòigh aca air a leantainn'.
Bhris e einnsean a' bhàta le òrd.
- v. Dè an rud air bòrd a' bhàta nach fhaca na h-eucoraich?
Na ràimh.
- vi. Dè chunnaic an Sgioba (faisg air deireadh a' chaibideil) agus dè shaoil iad a bh' ann?
Solas a' priobadh riutha bhon yacht, lain a' feuchainn ri rudeigin innse dhaibh.

2

- i. Caibideil 12:
Am Poileas
Tha am poileas a' dol a dhol chun a' chidhe gus rannsachadh a dhèanamh mun yacht mun do dh'inns Mgr Òg dha.
- ii. Mgr Òg
Tha fios aig Mgr Òg gu bheil an Sgioba agus lain air an ostail fhàgail agus tha e a' dol a-mach a rannsachadh.
- iii. Caibideil 13:
lain
Tha lain glaiste ann an toll-toisich na yacht is an yacht a' dèanamh air Sgonnsair.
- iv. Caibideil 15:
An Sgioba
Tha einnsean a' bhàta aca briste agus bidh aca ri iomradh air ais dhan oirthir. Tha iad a' faicinn solas a' tighinn bhon yacht is tha tha fios aca gu bheil lain a' feuchainn ri teachdaireachd a chur thuca.
- v. Eucoraich a' Mhary-Jane
Tha iad a' dèanamh air Sgonnsair far a bheil iad an dùil coinneachadh ri bhan a bheir na drogaichean a dh'Inbhir Nis.

1

- i. Tagh seantans anns a' chiad pharagraf a tha a' sealltainn gun robh Iain ag aithneachadh gun robh e ann am fìor dhroch shuidheachadh.
'Bha e ann an suidheachadh na bu mhiosa na bha e riamh roimhe.'
- ii. Anns an dàrna paragraf, dè an dà rud a bu mhotha a bha a' cur dragh air Iain? Bhiodh an Sgioba ga sheachnadh, gur dòcha nach faigheadh e às a' ghàbhadh le a bheatha.
- iii. 'Feumaidh sinn tilleadh ... Tha iad a' tighinn nas fhaisge.' Carson a thug na chuala Iain dòchas dha?
Bha e a' smaoinichadh gun robh bàta eile a' tighinn às an dèidh – 's dòcha am poileas.
- iv. Ciamar a bha an ùine a chuir Iain agus Punto seachad anns na Scouts gu bhith gu feum dhaibh.
Dh'ionnsaich iad Còd Morse (dh'fhaodadh Iain seo a chur gu feum a-nis).
- v. Seall mar a fhuair Iain a-mach às an àite anns an robh e glaiste.
Leig e air gun robh cur-na-mara air, chaidh a leigeil a-mach air deic airson èadhar.
- vi. Tagh abairt a sheallas nach do chleachd Iain an toirdse sa bhad.
'Nuair a bha e a' smaoinichadh gun robh e sàbhailte, thug e a-mach an toirdse.'
- vii. Tagh dà fhacal às a' pharagraf mu dheireadh a sheallas gun do dhèilig Hardy ri Iain ann an dòigh gu math cruaidh.
'Le greann rug Hardy air seacaid Iain gu garg agus tharraing e e gu toiseach a' bhàta aon uair eile.'

2

Paragraf	Buadhairean (facal a dh'inneas barrachd dhut mu ainmear)
1 ('Nuair a thàinig ...')	beag mì-sgiobalta
2 ('Bha e air ...')	/
3 - 6 ('Feumaidh sinn ...')	/
7 ('Cha mhòr ...')	buileach cunnartach
8 - 9 ('Chuala e ...')	cruaidh
10 - 11 ('Bheòthaich ...')	goirt gleansach
12 ('Chuimhnich ...')	dàna
13 - 16 ('Cha robh ann ...')	/
17 - 20 ('Chùm Iain ...')	tinn mòr sàbhailte
21 - 24 ('Dè th' agad ...')	amharasach gruamach garg

3

g	l	e	a	n	s	a	c	h	a
b	e	c	d	e	h	l	n	f	a
p	t	r	i	o	g	g	r	o	m
a	l	g	r	u	a	m	a	c	h
h	i	a	a	s	m	u	n	i	a
d	a	e	n	r	a	b	à	g	r
i	h	b	n	a	g	r	d	s	a
a	b	u	i	l	e	a	c	h	s
u	à	u	t	e	a	m	ò	r	a
r	s	m	a	p	l	t	a	t	c
c	u	n	n	a	r	t	a	c	h

1

- i. Tagh dà abairt a sheallas nach robh e furasta do Phunto Còd Morse a thuigsinn. *'bha e a' geur-amharc is e a' feuchainn ris na litrichean a dhèanamh a-mach agus aig an aon àm a' rannsachadh a chuimhne,' 'cha dèanadh e a-mach an dàrna litir,' 'bha e a' feuchainn ri cuimhneachadh,' 'bha Punto a' dèanamh a dhìcheall gus cuimhneachadh'*
- ii. Dè tha a' sealltainn dhuinn gur e obair mhòr a bhiodh ann Camas Tianabhaig a ruighinn?
Gum biodh aca ri turas mu seach a ghabhail air na ràimh.

2

Caibideil 16 – Sealladh Iain	Caibideil 15 & 17 – Sealladh an Sgioba
<i>Dh'fhairich e am bàta a' tionndadh.</i>	<i>Gu h-obann ghlaodh Domitan, "Seallaibh, tha i air tionndadh."</i>
<i>Chuala e an uair sin aon de na h-eucoraich ag èigheach, "Stadaibh. Stadaibh agus cha thachair càil dhuibh."</i>	<i>"Stadaibh," thàinig an èigh bhon bhàta mhòr. "Stadaibh agus cha thachair càil dhuibh."</i>
<i>An dèidh greiseag chuala e guth eile nas fhaide air falbh is e ag ràdh, "Tha gunna aca."</i>	<i>"Tha gunna aca," ghlaodh Domitan.</i>
<i>Bha e a' feuchainn ri obrachadh a-mach ciamar a rinn iad an gnothach air sin a dhèanamh nuair a thàinig urchair.</i>	<i>Mar a thuirt e na facail thàinig an urchair.</i>
<i>Chuala e èigheach eile agus an uair sin brag rudeigin cruaidh air meatailt.</i>	<i>Thòisich Toff an uair sin a' slaiceadh an einnsein cho cruaidh agus a b' urrainn dha.</i>
<i>Bheothaich einnsean na yacht. Bha iad air falbh a-rithist.</i>	<i>Thionndaidh an yacht agus chaidh i gu deas, a' fàgail nan gillean ann am meadhan na mara gun dhòigh aca air a leantainn.</i>
<i>Nuair a bha e a' smaoinneachadh gun robh e sàbhailte, thug e a-mach an toirdse à pòcaid a sheacaid agus, ga falach le a bhodhaig, thòisich e air a priobadh.</i>	<i>"Seallaibh," ghlaodh MacDhòmhnail gu h-obann. "Dè?" dh'fhaighnich Domitan. "A bheil sibh a' faicinn an t-solais a' priobadh?"</i>
<i>Phriob e na litrichean airson Sgonnsair. Dìt, dìt, dìt, - da, da, dìt - da, da, da --- ... a-rithist agus a-rithist.</i>	<i>Bha solas a' priobadh riutha bhon yacht. "Iain a tha sin," arsa Domitan. "Tha e a' feuchainn ri rudeigin innse dhuinn." Nuair a chunnaic an Sgioba gun robh Iain a' priobadh an t-solais riutha cha robh iad an toiseach cinnteach dè bha e a' feuchainn ri innse dhaibh. An uair sin ghlaodh Punto agus e air bhioran. "'S e Còd Morse a th' ann." "An dàrna litir da, da, dìt," Bha Punto a' dèanamh a dhìcheall gus cuimhneachadh. "Sgonnsair," ghlaodh Domitan le iolach.</i>

1

- i. Tagh abairt a sheallas nach robh an Sàirdseant buileach cinnteach an robh fiosrachadh Mhgr Òig ceart.
'chan eil yacht sam bith an seo, a charaid', 'a' dèanamh cuairt mhi-chùramach le a làimh taobh a' chidhe', 'dè an t-ainm a thuir thu a bh' oirre ... am Mary-Jane?', 'tha thu cinnteach gun tug luchd na yacht drogaichean do na gillean?'
- ii. Tagh abairt a sheallas gun robh e ag aithneachadh ge-tà gur dòcha gun robh suidheachadh èiginneach ann.
'chuir sinn fios gu na maoir-chladaich sùil a chumail a-mach', 'tha sinn air innse do Mhaoir na Cusbainn agus don phoileas air feadh na dùthcha'
- iii. Carson a tha crac gu sònraichte cunnartach? Thoir dà adhbhar.
Tha e fada nas miosa agus nas cunnartaiche na cocaine fhèin, cha bhiodh aig duine ach a ghabhail aon turas agus gheibheadh e grèim millteach air.
- iv. Dè chuala na poilis is Mgr Òg a chuir eagal orra?
Urchair gunna.
- v. Dè an rud a dh'inns Mgr Òg dhan phoileas a bha 'a' cur iongnadh mòr air?
Gun robh Iain Caimbeul a-muigh.
- vi. Dè an naidheachd a bu chudromaiche a bh' aig MacDhòmhnail dhan phoileas?
Gun robh na h-eucoraich a' dèanamh air Sgonnsair agus Iain Caimbeul air bòrd.
- vii. Dè an dà rud a thug na poilis leotha a sheallas dhuinn gun robh fios aca gun robh cunnart mòr romhpa?
(dà) ghunna-làimh, (dà) lèine-dìon

2

Eisimpleir de fhreagairt:

- i. Choinnich Mgr Òg an Sàirdseant MacPhàil agus poileas eile aig a' chidhe.
- ii. Cha robh an yacht ann ach bha na poilis air fios a sgaoileadh mu deidhinn.
- iii. Chuala an trìuir aca urchair gunna fhad 's a bha iad aig a' chidhe.
- iv. Dh'inns Mgr Òg dha na poilis gun robh còignear de na gillean air an ostail fhàgail is gun robh e draghail gun robh iad an lùib an t-suidheachaidh.
- v. Chuir MacDhòmhnail fòn chun nam poileas is dh'inns e gun robh na h-eucoraich a' dèanamh air Sgonnsair agus Iain Caimbeul air bòrd.
- vi. Dh'fhalbh na poilis a Sgonnsair, agus gunnaichean-làimh is lèintean-dìon aca.

1

- i. Dè an staid anns am biodh pàrantan lain nam biodh fios aca air an t-suidheachadh anns an robh lain?
Às an ciall le iomagain.
- ii. Tagh abairt a sheallas gun do dh'fheuch 'fear na briogais gleansaich' ri lain a chofhurtachadh.
'bhruidhinn e ann an guth sèimh,' "Inns dhomh na tha fhios agad air agus cha thachair càil dhut"
- iii. Tagh abairt a sheallas nach robh an duine seo idir cho còir 's a rinn e a-mach aig an toiseach.
'a ghuth a' fàs cruaidh,' 'thug e an gunna a-mach às a phòcaid,' 'sheas e agus smèid e an gunna air beulaibh lain'
- iv. Seall carson a bhiodh e na b' fheàrr do dhlain nam faigheadh na h-eucoraich air falbh.
Gheibheadh esan às le a bheatha.

2

Pàirt A

- i. Ciamar a bha lain a' faireachdainn aig toiseach a' chaibideil?
Gu math duilich air a shon fhèin.
- ii. Carson a bha e a' faireachdainn mar seo?
Cha robh e riamh air a bhith ann a leithid de chunnart.
- iii. Dè an dà rud a dh'fheumadh a bhith air tachairt nan robh lain gu bhith ann an suidheachadh na b' fheàrr?
Dh'fheumadh an Sgioba a bhith air priobadh na toirdse fhaicinn agus air faighinn air ais gu tìr.
- iv. Dè an dà rud a bha 'fear na briogais gleansaich' airson fhaighinn a-mach?
Carson a bha lain air bòrd a' bhàta aca agus cò chuir ann e.

Pàirt B

- v. Dè an rud a bu mhotha a thug air 'fear na briogais gleansaich' fàs fiadhaich?
Gur dòcha gun robh lain air na planaichean aca a chur ceàrr.
- vi. Dè bha na h-eucoraich am beachd a dhèanamh le lain nam biodh 'gach nì gu math'?
Dh'fhàgadh iad e ann an Sgonnsair.
- vii. Dè thachradh nam biodh lain air planaichean nan eucorach a chur ceàrr?
Dheigheadh a mharbhadh (*'smèid e an gunna air beulaibh lain'*).
- viii. Seall gun robh lain na èiginn aig deireadh a' chaibideil.
Cha b' urrainn dha lain smaoineachadh air dè thachradh, laigh e sìos air an leabaidh agus a cheann na làmhan.

1

- i. Dè na riaghailtean a th' aig poilis a thaobh a bhith a' cleachdadh ghunnaichean?
Chan fhaod iad losgadh mura bi iad fhèin ann an cunnart.
- ii. Thoir fiosrachadh a thaobh far an do dh'fhalaich na poilis iad fhèin.
Air a' chladach far nach deigheadh am faicinn, dithis air gach taobh den chidhe agus mu chaogad meatair bhuaithe.
- iii. Dè an dragh a bh' air an t-Sàirdseant mu na poilis eile?
Gun gluaiseadh iad ro thràth – 'dh'fheumadh iad fuireach gus an tigeadh am bàta'.
- iv. Cuin a thòisich na poilis air gluasad a dh'ionnsaigh nan eucorach?
Nuair a chunnaic iad gun robh ceathrar air tìr.
- v. Dè am fiosrachadh nach robh aig Toff?
Gun robh poilis eile nan laighe air cùl chreagan air a chùlaibh.
- vi. Ciamar a chuir an Sàirdseant MacPhàil stad air an triùir eile bho bhith a' teicheadh?
Loisg an Sàirdseant MacPhàil air taidhrichean na bhan agus shrac iad.
- vii. Tagh dà abairt a sheallas gun robh fìor eagal air Iain.
'bha e cho geal ris an anart', 'cha b' urrainn dha facal a ràdh'

1

- i. Ainmich dà rud a bha a' cur dragh air lain is e a' tilleadh dhan ostail.
Cha robh fhios aige dè thachradh dha no cò ris a bhiodh Mgr Òg coltach.
- ii. Cò bu mhotha den Sgioba a bha air atharrachadh anns an dòigh anns an do dhèilig e ri lain?
MacDhòmhnail.
- iii. Ainmich a' cheist a chaidh a chur air lain agus a bhiodh air toileachas mòr a thoirt do dh'lain.
'ciamar a bu thoigh leat tighinn a-steach còmhla rinn, a bhith nad bhall den Sgioba?'
- iv. Dè na trì dòighean anns am biodh beatha lain ag atharrachadh?
Cha bhiodh e leis fhèin tuilleadh, bha e cinnteach gun còrdadh an ostail ris, bha e cinnteach nach biodh Easgann agus Sgait a' cur dragh air tuilleadh.
- v. Dè an rud a bha fhathast ga ghoirteachadh?
Gun robh Muff marbh (agus an dòigh anns an deach a marbhadh).

2

- i. far an robh trìuir de na h-eucoraich
- ii. mar a bha an Sgioba nuair a thàinig lain a-steach
- iii. far an deach lain às dèidh dha Mgr Òg fhaicinn
- iv. mar a bha Mgr Òg nuair a thog e an Sgioba
- v. an rud a thàinig às dèidh dhan Sgioba bruidhinn
- vi. an fhaireachdainn a bh' aig lain
- vii. rud a thuir trìuir den Sgioba aig an aon àm
- viii. an t-àite a ràinig lain aig còig uairean sa mhadainn
- ix. mar a bha an sgeulachd a dh'inns lain dhan Sgioba

i.								s	t	è	i	s	e	a	n
ii.							c	à	i	r	d	e	i	l	
iii.					l	e	a	b	a	i	d	h			
iv.				f	i	a	d	h	a	i	c	h			
v.				s	à	m	h	a	c	h	d				
vi.						t	o	i	l	e	a	c	h	a	s
vii.					f	à	i	l	t	e					
viii.						o	s	t	a	i	l				
ix.	m	i	o	n	a	i	d	e	a	c	h				

1

- i. Tagh dà abairt a sheallas gun robh Mgr Òg agus Mgr MacLeòid airson toirt air na gillean tuigsinn gun do rinn iad gu ceàrr.
'tha fhios agaibh gu bheil sin an aghaidh nan riaghailtean', 'chan e sin obair chloinne', 'dh'fhaodadh sibh uile a bhith marbh', 'cha chuala mi riamh nì cho amaideach'
- ii. Dè am peanas a fhuair an Sgioba?
Bhiodh aca ri soithichean na suipeir a nighe airson mìos.
- iii. Dè am beachd a bh' aig Mgr Òg a thaobh na rinn Iain agus carson?
Bha e moiteil às, oir bha de dhànachd aige fios a chur leis an toirdse mu cheann-uidhe na yacht.
- iv. Carson a chaidh Easgann agus Sgait a chur a-mach às an ostail agus an sgoil?
Airson a bhith a' gabhail dhrogaichean.

2

- i. Chaidh an luch aig Iain a mharbhadh. ✗
- ii. Dh'inns an Sgioba dhan phoileas mu Iain agus an yacht. ✗
- iii. Fhuair am poileas fiosrachadh gun robh an yacht a' dèanamh air Sgonnsair is gille às an àite fo ghrèim aca. ✓
- iv. Chaidh na h-eucoraich a ghlacadh aig cidhe Sgonnsair. ✓
- v. Ghlac na poilis na droch dhaoine aig cidhe Sgonnsair. ✗
- vi. Tha mise a' smaoinichadh gun robh Iain gu math gaisgeil. ✗
- vii. Tha na poilis air innse gum biodh na drogaichean ann an Lunnainn mura b' e na rinn Iain Caimbeul. ✓
- viii. Chaidh Easgann is Sgait a thilgeil a-mach às an sgoil. ✗
- ix. Bha Iain uabhasach toilichte a bhith anns an Sgioba. ✗

1

Tha obair Pàirt 2 mar fhreagairt air Pàirt 1.

2

Caibideil	An Uair no Fiosrachadh eile mun uair	Na thachair / Suidheachadh
1	4:30f	Iain na laighe air a leabaidh, na gillean eile a' cluich ball-coise
2	bha Iain gu bhith ag iasgach airson uair a thìde	aig deireadh a' chaibideil, bha Iain gu bhith a' dol a dh'iasgach
4	6:00f	tha luchd na yacht a' dol dhan leabaidh
5	6:00f	an uair aig am biodh a' choinneamh
6	bha beagan mhionaidean ann mus biodh an dinneir ann	an uair aig an do lorg Iain Muff is i marbh
7	6:35f	Domitan, Punto is Iain a' falbh gu dinneir
8	an dèidh na dinneir	an Sgioba a' deasbad na bu chòir dhaibh dèanamh
10	10:30f	gillean na h-ostail a' dol dhan leabaidh
10	beagan an dèidh meadhan-oidhche	lean Iain an Sgioba
13	12:30m	ràinig Iain an cidhe
17	1:20m	tha an Sgioba gu bhith ag iomradh gu tìr
20	2:30m	ràinig na poilis Sgonnsair
20	3:00m	ràinig Ford Transit an cidhe
20	3:10m	ràinig an yacht
21	mu 5:00m	ràinig Iain an ostail
21	6:00m	an Sgioba a' feuchainn ri cadal fhaighinn
22	9:00m	an Sgioba ann an oifis Mhgr Òig